



# Aonta Pharis agus COP26

## Blàthachadh na Cruinne

Tha fianais a' sealltainn gu bheil a' phlanaid againn a' fàs nas teotha.

Tha clàran Buidheann Sìde-eòlas na Cruinne a' sealltainn gum b' e 2020 aon de na trì bliadhnachan às blàithe bho thòisich na clàran, agus gur e an deichead mu dheireadh, 2011-2020 am fear as blàithe a chaidh a chlàradh.

Tha teòthachdan cuibheasach na cruinne a-nis 1°C nas àirde na bha iad ro Mhòr-chaochladh a' Ghnìomhachais.

Cha shaoileadh tu gu bheil tòrr ann an 1°C ach leis mar a tha teòthachd na Talmhainn ag èirigh beag air bheag tha seo a' toirt droch bhuidh air a' phlanaid mu thràth. Tha dian-theas, tuiltean, droch stoirmean, call deigh phòlarach agus ìre na mara ag èirigh uile a' sealltainn buaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Fàsaidh e nas miosa ma thachras blàthachadh na cruinne nas luaithe.

Tha ceannardan an t-saoghail a' creidsinn gum feum iad rudeigin a dhèanamh airson na tha ann de ghasaichean taigh-glainne a lùghdachadh oir 's e na gasaichean sin a tha ag adhbharachadh atharrachadh na gnàth-shìde. Tha iad ag aithneachadh gum feum iad obrachadh còmhla airson na h-atharraichean a dhèanamh a chuireas dìon air a' phlanaid.





## Aonta Pharis

Air 12 Dùbhlachd 2015, aig COP21, gheall faisg air 200 dùthaich cumail ris a' chiad phlana chruinneil riamh airson strì an aghaidh atharrachadh sa ghnàth-shìde.

'S e Aonta Gnàth-shìde Pharis an t-ainm a th' air a' phlana chruinneil.

'S e Aonta Pharis a th' air oir b' ann ann am Paris a chaidh COP a chumail air a' bhliadhna sin.

Gheall na dùthchannan a chuir an ainm ri Aonta Pharis gun dèanadh iad an dìcheall cumail ris na h-amasan a bha anns an aonta.

Seo na h-amasan:

- 🌍 blàthachadh na cruinne a chumail fo 2°C, ach ag amas air 1.5°C le bhith a' lùghdachadh na tha de ghasaichean taigh-glainne a' faighinn mu sgaoil
- 🌍 atharraichean a dhèanamh gus coimhearsnachdan agus àrainnean nàdarra a dhìon bho bhuaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- 🌍 gun cuir dùthchannan leasaichte airgead air leth airson na strì an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus gun tèid cuid den airgead gu dùthchannan fo leasachadh a tha feumach air taic airgid
- 🌍 gun obraich riaghaltasan, gnìomhachasan agus an co-chomann san fharsaingeachd còmhla gus diofar a dhèanamh

'S e an t-amas san fhad-ùine gur e neoni an t-uiread lom a bhios air a leigeil mu sgaoil – nuair a tha cothromachadh eadar na tha air a dhèanamh de ghasaichean taigh-glainne agus na tha air a thoirt às an àile.

Nuair nach eil na tha sinn a' cur ris nas motha na na tha sinn a' toirt air falbh, tha sinn a' ruigheachd neoni lom. Canaidh sinn neodrach a thaobh carbon ris an t-suidheachdadh seo cuideachd.

Feumaidh dùthchannan amasan a chur a-mach dhaibh fhèin gus na tha ga leigeil mu sgaoil a lùghdachadh ro 2030, ach feumaidh iad obrachadh còmhla cuideachd gus neoini lom a ruigheachd ro mheadhan na linne.

Gus seo a dhèanamh, feumaidh iad:

- 🌍 gluasad nas luaithe bho bhith a' cleachdadh chonnaidhean fosail
- 🌍 lùghdachadh a thoirt air na tha de choilltean gan leagail/dì-choillteachadh
- 🌍 gluasad gu carbadan dealain
- 🌍 airgead a chur ann an leasachadh stòran ath-nuadhachail



## Aonta Pharis agus COP26

Tha COP26 na chlach-mhìle chudromach o chaidh Aonta Pharis a shoidhnigeadh ann an 2015.

Tha ùine air a bhith aig na partaidhean na planaichean aca a dhèanamh airson na tha ga leigeil mu sgaoil de ghasaichean taigh-glainne a lùghdachadh, agus airson dìon a chur air coimhearsnachdan agus àrainnean bho bhuidh atharrachadh na gnàth-shìde.



Bidh na planaichean sin air am foillseachadh, air an deasbad agus air an ùrachadh, airson a' chiad uair, ann an Glaschu.

Thèid an deasbad agus an ùrachadh a-rithist gach còig bliadhna às dèidh sin, mar a tha air a chur a-mach ann an Aonta Pharis.

Tha an ath dheich bliadhna cudromach san t-srì an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Feumar planaichean a chur air dòigh agus a chur an gnìomh. Le bhith ag obair san dòigh seo tòisichidh riaghaltasan, gnìomhachasan agus an comann-sòisealta nas fharsainge air adhartas a dhèanamh. Tha feum air seo gus a' phlanaid agus daoine a dhìon, agus gus suidheachadh nas seasmhaiche a chruthachadh dhuinn uile airson an àm ri teachd.

